

29 Giblean 2025

A phàrant/neach-cùraim chòir

Anns an Dàmhair 2023, dh'fhoillsich Luchd-sgrùdaidh an Rìgh litir air Sgoil agus Clas Sgoil-Àraich Ùige. Mhìnich an litir grunn raointean leasachaidh a dh'aontaich sinn leis an sgoil agus Comhairle nan Eilean Siar. Thill sinn an dèidh làimh gu Sgoil Ùige gus faicinn mar a lean iad orra a' leasachadh an cuid obrach, agus chaidh litir eile fhoillseachadh san t-Sultain 2024. O chionn ghoirid, mar 's dòcha gu bheil fios agaibh, thadhail sinn air an sgoil a-rithist. Rè ar cuairt, bhruidhinn sinn ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth còmhla ris a' cheannard an gnìomh agus an luchd-obrach. Chuala sinn bhon cheannard an gnìomh agus bho luchd-obrach eile mu na ceumannan leasachaidh a tha Sgoil Ùige air gabhail. Mhìnich àrd-cheannard, a tha mar cheannard ro-innleachdail airson sgoiltean dùthchail ann an Leòdhas, an taic a tha iad a' toirt do Sgoil Ùige. Thug sinn sùil air raointean sònraichte a chaidh a chomharrachadh sa chiad sgrùdadh. Mar thoradh air sin, fhuair sinn a-mach mun adhartas a tha Sgoil Ùige air a dhèanamh agus dè cho math 's a tha seo a' toirt taic do dh'ionnsachadh agus coileanadh na cloinne. Tha an litir seo a' mìneachadh na lorg sinn.

Meudaich ceannardas agus astar leasachaidh prìomh raointean a bheir buaidh air ionnsachadh agus coileanadh, stèidhichte air dòighean fèin-luachaidh làidir. Bu chòir gu bheil prìomh phàirtean aig raon de luchd-ùidhe, a' gabhail a-steach an sgioba luchd-obrach, pàrantan agus clann, a thaobh leasachaidhean a thoirt air adhart san sgoil.

Tha adhartas san raon leasachaidh seo leis gu bheil ceannard an gnìomh a' stiùireadh Sgoil Ùige. Feumaidh adhartas a-nis a bhith air a chumail suas. Tha an ceannard an gnìomh a' leasachadh ceannardas ro-innleachdail an ionnsachaidh aig Sgoil Ùige. Tha i gu soirbheachail air stiùir shoilleir, cliomaid agus cùmhnantan a thaobh atharrachadh a shuidheachadh. Tha seo stèidhichte air earbsa agus càirdeasan deimhinneach le pàrantan/luchd-cùraim, luchd-obrach agus clann. Tha a' choimhearsnachd aig Sgoil Ùige a' faireachdainn gu bheil iad a' tòiseachadh a bhith a' cur ri stiùireadh agus leasachadh na sgoile. O chionn ghoirid, tha astar an atharrachaidh air meudachadh gus tòiseachadh a bhith a' dèiligeadh ri laigsean cudromach san sgoil. Feumaidh an t-ùghdarras ionadail a-nis dèanamh cinnteach gu bheil na h-atharrachaidhean sin seasmach agus gun lean an sgoil oirre a' dèanamh adhartas.

Tha dreuchdan agus dleasan soilleir aig a' chloinn a thaobh a bhith a' leasachadh na sgoile aca. Tha iad nam buill de bhuidhnean a tha a' toirt buaidh air feallsanachd is beatha na sgoile Bidh a' chlann a' tighinn gu co-dhùnaidhean mar phàirt den Chomataidh Ghàidhlig, a' dìon na h-àrainneachd, ag adhartachadh còraichean chloinne agus Comhairle na Sgoile. Bidh a' chlann ag innse gu soilleir agus gu fileanta mar a chaidh leasachaidhean adhbharachadh mar thoradh air am beachdan.

Bidh àrd-luchd-stiùiridh a-nis a' conaltradh agus a' co-obrachadh nas tarbhaiche le pàrantan/luchd-cùraim. Mar thoradh air seo, bidh pàrantan/luchd-cùraim ag obair gu math le Sgoil Ùige. Tha seo a' foillseachadh cho cudromach 's a tha Sgoil Ùige sa choimhearsnachd. Tha pàrantan/luchd-cùraim a' cur luach air gu bheil a' sireadh an comhairle agus gu bheil iad an sàs ann a bhith ag ath-shuidheachadh lèirmheas, luachan

agus amasan na sgoile. Tha iad a' tòiseachadh a bhith a' toirt buaidh air poileasaidhean. Bu chòir dhan cheannard an gnìomh a-nis tuilleadh conaltraidh a dhèanamh leis na pàrantan/luchd-cùraim gus tuigse cho-roinnte adhartachadh mun adhbhar agus buaidh phlanaichte.

Tha an ceannard an gnìomh agus coimhearsnachd na sgoile a' dèanamh adhartas seasmhach agus deimhinneach mu na leasachaidhean riatanach thar nan sia mìosan a chaidh seachad. Tha modhan-obrach agus siostaman nas èifeachdaich an gnìomh aig luchd-obrach a-nis airson a bhith a' measadh nan rudan a tha a' dol gu math agus na nithean a dh'fheumas iad a dhèanamh às dèidh seo. Tha an ceannard an gnìomh air plana leasachaidh sgoile ullachadh a tha co-cheangailte ri tùs-amasan nàiseanta agus ionadail a rèir stiùireadh reachdail. Bu chòir dhan phlana seo a-nis a bhith nas soilleir mun dòigh sa bheil Sgoil Ùige a' cur ri bhith a' coinneachadh nan amasan ann am Plana Gàidhlig na Comhairle.

Cruthaich agus cleachd poileasaidh airson foghlam làn bhogaidh gus adhartas chloinne agus am fileantachd ann an Gàidhlig a neartachadh. Bu chòir dhan seo càileachd agus iomlanachd làn bhogaidh a chur am meud thar gach raon de dh'ionnsachadh chloinne.

Tha luchd-obrach a' dèanamh adhartas deimhinneach ann a bhith a' leasachadh ìrean làn-bhogaidh agus tùs-bhogaidh. Ach, chan eil an t-adhartas seo tèarainte leis gur e luchd-obrach airson ùine ghoirid a tha san sgoil.

Tha a' chlann fhathast a' dèanamh tòiseachadh cudromach air fileantachd sa Ghàidhlig le bhith a' frithealadh Sgoil-àraich Ùige. Tha a' chlann misneachail mu bhith a' dol còmhla ri caraidean nas sine airson cuid den làn bhogadh. Is toigh leotha dràma agus cluich air an àrd-ùrlar ùr san t-seòmar-sgoile. Thar na sgoile, bidh a' chlann a' cluinntinn fileantachd air leth an luchd-obrach sa Ghàidhlig a tha mar eileamaid bheairteach de bhogadh. Tha seo a' gabhail a-steach a' bhlas-cainnt Gàidhlig ionadail. Tha a' chlann a-nis nas misneachail a thaobh a bhith a' bruidhinn na Gàidhlig san t-seòmar-sgoile agus ann an raointean co-roinnte na sgoile. Bidh iad ag obair le com-pàirtichean gus a' Ghàidhlig a chleachdadh airson cur-seachad agus spòrs. Bidh an luchd-teagaisg a' dol an sàs ann am planadh mòran nas fheàrr gus leudachadh a dhèanamh air briathrachas agus gràmar sa Ghàidhlig. Bu chòir do chom-pàirtichean planadh mar as urrainn do ionnsachadh taobh a-muigh an t-seòmair-sgoile àrdachadh a dhèanamh air briathrachas agus gràmar sònraichte na cloinne. Tha an t-àrd-cheannard agus na ceannardan gnìomha air mòran leasachaidh a dhèanamh air a' phoileasaidh a thaobh bogadh. Tha am poileasaidh seo mòran nas ro-innleachdail. Tha e a' tabhann raon farsaing de chomhairle agus sùileachaidhean. Feumaidh leabhar-fios na sgoile soilleireachadh gu bheil an teagasg airson clann a tha nas sine tro làn bhogadh. Bu chòir dhan seo a bhith a rèir Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig, 2017.

Tha soirbheasan air a bhith aig clann a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig mar chànan a bharrachd - Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh). Tha an ceannard an gnìomh air mòran leasachaidh a dhèanamh air an dòigh sa bheil Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) mar phàirt den chlàr-teagaisg. Tha Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) air a theagasg gu soirbheachail mar leasain fa leth agus air fhilleadh a-steach dha na gnàth-chùrsan làitheil. Bidh clann ann am Foghlam Gàidhlig agus ann am Foghlam Beurla a' tighinn gu co-dhùnaidhean

mun Ghàidhlig mar phàirt den Chomataidh Ghàidhlig. Mar eisimpleir, tha iad air bruidhinn mu na nithean a dh'fheumas luchd-ionnsachaidh a' chànain fhaicinn ann an gnìomhan bogaidh, leithid coinneamhan sgoile.

Tha a' chlann air Cafaidh Gàidhlig a stèidheachadh. Bidh iad a' toirt cuireadh dhan choimhearsnachd a thighinn còmhla riutha gu sòisealta agus a thaobh foghlam gus am fileantas a leasachadh. Tha na buill choimhearsnachd air innse mar a bhios iad a' cleachdadh na Gàidhlig nan dreuchdan. Tha a' chlann air taic a thoirt do na h-Oifigearan Comhairle ann a bhith a' cruthachadh stuthan adhartachaidh gus pàrantan a mhisneachadh an clann a chlàradh ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig. Thathar a' cleachdadh nan stuthan adhartachaidh sin air feadh na Comhairle. Tha a' chlann a' sìor leasachadh faireachdainn domhainn mu bhith mar phàirt de choimhearsnachd Gàidhlig.

Lean air adhart a' leasachadh a' churraicealaim gus a bhith soilleir mun adhartas a tha clann a' dèanamh agus iad a' gluasad bho ìre gu ìre aig Sgoil Ùige. Bu chòir modhan-obrach soilleir a bhith aig luchd-teagaisg airson leughadh agus sgrìobhadh a leasachadh, ann an Gàidhlig agus Beurla, slàinte is sunnd agus Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh).

Tha beagan adhartais deimhinneach air a bhith san raon seo airson leasachadh, le tuilleadh a dhìth. Tha an ceannard an gnìomh a' leantainn air adhart a' soilleireachadh a' churraicealaim. Tha i a' comhairleachadh luchd-teagaisg mu phlanadh agus libhrigeadh a' churraicealaim. Tha seo a' tòiseachadh a bhith a' toirt buaidh air prìomh raointean, mar litearachd, Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig agus measadh. Tha an ceannard an gnìomh air sònrachadh gu ceart gu bheil feum aig a' churraicealam air tuilleadh obair. Bu chòir dhan churraicealam a bhith nas soilleir mun dòigh sa bheil prìomh chòraichean agus fheartan air an toirt air adhart thairis air ùine na cloinne ann an Sgoil Ùige. Bu chòir dhan cheannard an gnìomh leantainn air adhart ag obair le pàrantan/luchd-cùraim gus sealltainn gu bheil cùisean ionadail cudromach mar phàirt de dh'ionnsachadh na cloinne.

Tog coileanadh chloinne anns a h-uile taobh de dh'ionnsachadh agus dèan an feum as fheàrr de dh'fhiosrachadh bho mheasadh, conaltradh proifeasanta agus coinneamhan tracadh.

Tha beagan adhartais san raon seo a thaobh leasachadh, le comas a thaobh astar adhartais nas luaithe.

Tha an ceannard an gnìomh air pròiseas a stèidheachadh gus sùil a chumail air adhartas agus coileanadh na cloinne. Tha i a' bruidhinn mu adhartas na cloinne le luchd-teagaisg ann an dòigh mhionaideach gus cuideachadh a bhith ag àrdachadh coileanadh. Bidh luchd-teagaisg gu cunbhalach a' co-roinn ri clann an t-adhbhar airson a bhith ag ionnsachadh agus na ceumannan a dh'fheumas iad a ghabhail gus a bhith soirbheachail. Airson a' mhòr-chuid den ùine bidh luchd-teagaisg a' toirt fios air ais cuideachail do chlann air na tha iad a' dèanamh gu math agus na h-ath cheumannan aca. Tha seo a' tòiseachadh a bhith a' toirt taic dhan chloinn air fad tuigse nas làidire a bhith aca de na neartan aca. Tha planaichean taic a bharrachd an gnìomh, le amasan iomchaidh. Tha pàrantan/luchd-cùraim an làn sàs ann a bhith a' cruthachadh, a' lèirmheasadh agus a' luachadh planaichean taic a bharrachd.

Tha an ceannard an gnìomh air mìosachan measaidh ro-innleachdail a chruthachadh. Tha stiùir shoilleir aig an luchd-teagaisg a thaobh a bhith a' measadh litearrachd, àireamhachd, agus slàinte agus sunnd. Tha seo gan cuideachadh ann a bhith a' togail misneachd agus an tuigse de shùileachaidhean nàiseanta. Tha iad air co-mheasadh a dhèanamh air èisteachd agus còmhraidh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla an co-bhonn ri co-obrachaidhean ann an sgoil eile, cho math ri bhith a' measadh sgrìobhadh san sgoil. Tha a' chlann a' leasachadh an adhartais ann an litearrachd, àireamhachd agus slàinte agus sunnd, tro mheadhan Gàidhlig agus Beurla. Tha beàrnan fhathast ann an ionnsachadh na cloinne as sine, agus tha an luchd-teagaisg a' tabhann taic a bharrachd air a shon. Tha an ceannard an gnìomh agus an luchd-obrach aig na h-ìrean a tha air leth tràth de fhianais earbsach a bhith aca air an stèidhich iad na breithneachaidhean proifeiseanta aca mu ìrean a' Churraicealam airson Sàr-mhathais.

Dè thachras a-nis?

Tha an sgoil air adhartas a dhèanamh bhon chiad sgrùdadh. Bidh sinn a' conaltradh ri Comhairle nan Eilean Siar a thaobh comas na sgoile a bhith a' leasachadh. Tillidh sinn gus sgrùdadh a bharrachd a dhèanamh air an sgoil taobh a-staigh aon bhliadhna bho fhoillseachadh na litreach seo. Bruidhnidh sinn ri Comhairle nan Eilean Siar mu mhion-fhiosrachadh mun sgrùdadh seo. Nuair a thilleas sinn a sgrùdadh na sgoile, sgrìobhaidh sinn thugaibh mar phàrantan a dh'innse mun adhartas a rinn an sgoil.

Joan C. Esson
Neach-sgrùdaidh an Rìgh